

Comhairle na Gàidhealtachd

Tuairisgeul Obrach

Seirbheis:	Cùram agus Ionnachadh	Earrann:	Foghlam
Tiotal Dreuchd:	Neach-cuideachaiddh Cùram Taobh A-Muigh Sgoile 1/2 (Gàidhlig)		
Ìre is Tuarastal	HC0435 (Gun teisteanas) HC0535 (Le teisteanas)		
Àite:			
Cunntachail do:		Ceannard na Sgoile	
Adhbhar Obrach:	A bhith ag obair mar bhall èifeachdach den sgioba chàraim-chloinne, a' toirt taic dhan Cheannard ann an bhith a' libhrigeadh raon chleasan brosnachail ann an àrainneachd shàbhailte a tha a' coinneachadh ri feumalachdan an dà chuid na cloinne agus an teaghlaichean. Nithear an obair a rèir phoileasadhean, stiùridhean agus chòdan obrach Chomhairle na Gàidhealtachd.		
Priomh Dhlestanasan:	<ul style="list-style-type: none">Mar phrìomh bhall de Sgioba Càraim-chloinne na sgoile, dleastanas a ghabhail airson a bhith a' dealbhadh is a' libhrigeadh seirbheis làitheil cùram taobh a-muigh na sgoileDèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach mothachail mu, agus a' tuigsinn, nan dlestanasan aca bho latha gu latha agus gan gabhail os làimh ann an dòigh phroifeiseanta is èifeachdachDèanamh cinnteach gu bheil an sgioba luchd-obrach a' cumail ris an dealbhadh, na poileasadhean is na modhan a tha a' cur taic ri càileachd a' chluiche taobh a-staigh an ionaidDèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig clann cluiche ann an dòigh fèin-stiùirichte agus gu bheil an sgioba luchd-obrach ag eadar-obrachadh leotha ann an dòigh a tha a' toirt taic agus adhartas dhan mhisneachd is dha na comasan fa leth acaDèanamh cinnteach gu bheil na pàrrantan, clann agus an sgioba luchd-obrach fiosrach mu, agus a' cumail ri, riaghailtean agus modhan iomchaidh a tha a' cur taic ri bhith a' ruith an ionaid gu sàbhailteDèanamh cinnteach gu bheil liostaichean làitheil ceart agus gu bheil modhan stèidhichte gus dèanamh cinnteach gu bheil clann uile a tha clàraichte/an dùil a bhith an làthair a' tighinn a-steach dhan ionad gu sàbhailteDèanamh cinnteach gu bheil grèim-bìdh fallain air a cheannach is air a thabhan dhan chloinn. Brosnaich a' chlann gus com-pàirt a ghabhail ann a bhith ag ullachadh nan greimean-bìdhDèanamh cinnteach gu bheilear a' lìonadh an obair-phàipear làitheil - liostaichean-sgrùdaidh sàbhailteachd, clàran làthaireachd, clàran làitheil, is eileCoinneamhan agus trèanadh iomchaidh a fhrithealadh mar a tha air aontachadh leis a' Cheannard		

Dlestanasan Eile:

Dh'fhaodadh gun tèid iarraidh ort gniomhan eile a ghabhail os làimh, a bhios iomchaidh a thaobh na dreuchd, a bharrachd air an fheadhainn a th' anns an tuairisgeul obrach. Dh'fhaodadh gum bi na gniomhan agus na dlestanasan a tha dol leis an obair cuideachd eadar-dhealaichte gun atharrachadh sam bith a thoirt air coltas nan gniomhan san fharsaingeachd no an ìre de dhlestanais nan lùib. Tha na h-eadar-dhealachaidhean seo gu math cumanta agus cha bhiodh iad airidh air suil às ùr a thoirt air bann na h-obrach. Mar thoradh air na h-eadar-dhealachaidhean seo, bidh e riatanach gun tèid an tuairisgeul obrach seo ùrachadh bho àm gu àm.

Cumhaicheadh Sònraichte:

39 seachdain gach bliadhna le cuibhreann airson saor-làithean a bu chòir a ghabhail tro shaor-làithean na sgoile.

Comhairle na Gàidhealtachd

Sònachadh Pearsa

Seirbheis: Cùram agus Ionnsachadh

Tioital Dreuchd: Neach-cuideachaidd Cùram Taobh A-Muigh Sgoile 1/2 (Gàidhlig)

Àite:

Ceann-latha:

Feartan Riatanach

Gus dleastanasan na dreuchd a ghabhail os làimh gu h-èifeachdach agus gu sàbhailte, feumaidh tagraichean dearbhadh a thoirt seachdad air na leanas.

1. **EÒLAS –**

Eòlas roimhe air a bhith ag obair còmhla ri clann òga.
Eòlas air Inbhean Cùram agus Coimisean a' Chùram.

2. **FOGHLAM IS TEISTEANASAN –**

Bu chòir teisteanas aithnichte ann an Cùram-chloinne agus Foghlam a bhith aig neach a tha air fhastadh mar Neach-cuideachaidd Cùram Taobh A-muigh Sgoile 2 (Mar eisimpleir HNC/NNEB/SVQ 3) agus thèid am bàigheadh air bann HC0535. Bu chòir do luchd-obrach gun teisteanas a bhith ag obair gu ruige an teisteanais taobh a-staigh raon-ama aontaichte agus thèid am bàigheadh air bann HC0435, Neach-cuideachaidd Cùram Taobh A-muigh Sgoile 1.

Teisteanasan ann an Làimhseachadh Bìdh agus Ciad Chobhair.

3. **SGILEAN / FEARTAN COITCHANN –**

Comas obrachadh fo do stiùir fhèin.

4. **SGILEAN / FEARTAN SÒNRAICHTHE DHAN DREUCHD –**

Comas urram a thoirt do dhìomhaireachd
Deagh sgilean conaltraidh am measg chloinne
Comas dèiligeadh ri cùisean eigin ann an dòigh chiùin is èifeachdach
Eòlas air riaghailtean làimhseachadh-bìdh

5. **SGILEAN PEARSANTA IS SÒISEALTA –**

Comas dàimh a stèidheachadh gu furasta le inbhich is clann